II Urnuigh #. I

A Dhe uilebheannaichte tha do throcair agus do chaoimhneas follaiseach dhuinn gach madainn, agus air an ùrachadh gach feasgar.

Buidheachas gun robh do t-Ainm glòrmhor airson gun do chomharaich Thu sinn ~~a chum~~ chum co-chomunn a bhi againn Ris-san ann an làn-shaorsa cloinne.

Moladh sìorruidh a bhith Dhuit airson gun d'rinneadh leat gach ulluchadh chum na crìche sin. Ciod a dh'iarras sinn dhuit, a Dhe ghràsmhor, airson do thiodhlaic do-labhairt Iosa Criosd? Tha sinn a creidsinn cuidich Thusa le ar mi-chreidimh. Thoir dhuinn spiorad gliocais agus tuigse, chum le bhith a beachd-smaoineachadh air beatha ar Slanaighear, air chor agus gun robh ar beatha fhéin air a co-chumadh ri a bheathasan, agus gun robh sinn a nochdadh le ar giulain ciod i a bhuaidh air am bheil sinn a

togail ar dòchais a thaobh tìm agus siorruidheachd.

A Dhè naoimh o nach ceilthear nì sam bith — ~~air~~ agus dha'n aithne ~~[illegible]~~, eadhon smaointean dìomhair gach cridhe — dean tròcair oirnne, a rinn iomadh ar-a-mach, gu tric, ann ad aghaidh. Thoir dhuinn, tre sin a guidhe, a leithid de shealladh air Crìosd, agus air na rinneadh leis air ar son, chum ~~&~~ sinn a bhi coisrigeadh, le ar n-uile dhìcheall ar beatha dha-san.

A Thighearna ar Dia, air am bheil an teaghlach uile air neamh agus air thalamh air an ainmeachadh, éisd ri ar n-ùrnuigh as leth an t-soisgeil, agus suidheachadh a' chinne-daonna.

Naomhaich t-Eaglais le comhnaidh agus buaidh an Spioraid Naoimh, air chor agus gun robh i a soirbheachadh ann an aobhar do rìoghachd-shìorruidh, a thaisbeanadh dhuinn trè Iosa Crìosd ar Tighearna.

Athbheothaich t-obair, a Dhè, ann am

mheadhoin nan bliadhnachan, a toiseachadh léirsinn air na bhuilich Thu mòr chairdeas tre iomadh sochair.

Tha an saoghal air crùpadh, troimh dhearmadas dhaoine, na aon nàbachd, ach ged a tha, is ann Dhutsa a bhuineas an cumhachd leis am bith e air iompachadh gu chaoin spiorad agus rùn bràthrachais a chleachdadh.

Greas an là anns an faighear gach tìr agus teanga a tighinn fo bhuaidh Lagh Spiorad na beatha ann an Iosa Crìosd.

Seall oirnn an tròcair air amaideas agus dol a mach mhorann air an uair so. Deonaich, Athair na sìth, agus a Dhè na h-uile comhfhurtachd, gun robh an inntinn daonna gu leir air an coisrigeadh chum an doigheanna fhèin a thréigsinn, agus gabhail gu toileach ris an doigh beatha a nochd agus a dhearbh an Slànaighear Crìosd dhuinn.

4/ Tha sinn a toirt moladh Dhuit airson
gun d'thainig e, chan ann a dhìteadh ach
a shaoradh Chlann-nan-daoine; agus gun
bheil a bheatha mhaireannach aig na h-uile a tha
creidsinn ann.

Dean cobhair, a Dhe thròcaireach, air gach feumach
and dean fuasgladh air na h-uile a tha fulang
tre dheuchainn air bith.

Tha sinn a glòrachadh t-ainm airson
an aireamh mhor a chrìochnaich an turus, anns
gach linn, ann an làn dearbhaidh a chreidimh.

Coimhead sinne le do chumhachd
tre chreidimh chum gun robh sinn, aig a chrìoch, maille
riuthsa, air ar deanamh nar luchd compairt
de dh'oighreachd nan naomh 's an t-solus
tre Iosa Criosd, ar Tighearna.

Amen.